

Stiùireadh-measaidh Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh 2024/25 Gaelic Immersion Course Grants 2024/25 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama mar [an cur an cèill san stiùireadh](#). Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 5 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme set out [in the guidance](#). If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 5 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Iarrtas taic-airgid airson £50,000 no nas lugha
- Cùrsa ceadaichte airson taic
- Iomradh air sgoil, sgoil-àraich no ionad tràth-ìrean air ainmeachadh
- Buidseat iomlan air a thoirt seachad airson gach tagraiche
- Foirmichean tagraiche air an lìonadh is soidhneadh
- Funding request of £50,000 or under
- Course is eligible for support
- Intended placement school, nursery or ELC setting outlined
- Full budget outlined per candidate
- Full candidate forms provided and signed

Molaidhean airson sgòradh / Scoring recommendations

Ma tha barrachd iarrtasan/tagraichean freagarrach ann na tha e comasach a mhaoineachadh tron bhuidseat, bu chòir sgòradh a bhith air a dhèanamh air gach iarrtas/tagraiche freagarrach a rèir an stiùiridh-mheasaidh seo. Thèid gach tagraiche a sgòradh air an stèidh a leanas, le aon sgòr ri fhaighinn tro gach slat-tomhais.

If there are more suitable applications/candidates than it is possible to support through the scheme's budget, each application/candidate should be scored in accordance with this assessment guidance. Each candidate should be scored on the following basis, with one score available through each criterion.

Luach an airgid

A rèir na h-àireimh sa cheud den taic-airgid a tha an t-ùghdarras ionadail a' toirt seachad airson tagraiche, thoiribh seachad aon de na sgòraichean a leanas:

- 50%+ de thaic: 10
- 40-50% de thaic: 7
- 30-40% de thaic: 5
- 20-30% de thaic: 3

Value for money

Based on the percentage of funding provided by the local authority in respect of a candidate, one of the following scores should be provided:

- 50%+ of support: 10
- 40-50% of support: 7
- 30-40% of support: 5
- 20-30% of support: 3

FtMG/TcMG san ùghdarras ionadail

Aon de na sgòraichean a leanas:

- Gun solar FtMG/TcMG aig an ìre seo san ùghdarras: 10
- Solar FtMG/TcMG aig an ìre seo san ùghdarras: 0

GME/GMELC in the local authority

One of the following scores:

- No previous GME/GMELC at the stage in the authority: 10
- Previous GME/GMELC at the stage in the authority: 0

Tha na sgòraichean seo a’ freagairt ris an ìre de sholar FtMG/TcMG air a bheil an tagraiche an dùil a theagasg (m.e. airson tidsear àrd-sgoile, mur eil solar FtMG àrd-sgoile ann ach tha solar FtMG bun-sgoile ann ‘s e sgòr 10 a bhiodh ann).

These scores apply specifically to provision of the type of GME/GMELC the candidate expects to teach (e.g. for a secondary teacher, if there is no existing secondary GME provision but there is existing primary GME provision, the score would be 10)

FtMG san sgoil, sgoil-àraich no ionad tràth-ìrean

Aon de na sgòraichean a leanas:

- Gun solar FtMG/TcMG san sgoil, sgoil-àraich no ionad tràth-ìrean: 5
- Le solar FtMG/TcMG san sgoil, sgoil-àraich no ionad tràth-ìrean: 0

Tha na sgòraichean seo a’ freagairt ris an sgoil, sgoil-àraich no ionad tràth-ìrean far a bheil an t-ùghdarras ionadail an dùil an tagraiche a chur às dèidh a’ chùrsa

GME in the school, nursery or ELC centre

One of the following scores:

- No current GME/GMELC in the school, nursery or ELC setting: 5
- Current GME/GMELC in the school, nursery or ELC setting: 0

These scores apply specifically to the school, nursery or ELC setting at which the local authority intends to place the candidate after completion of the course

Seòrsa teagaisg

Aon de na sgòraichean a leanas:

- Teagasg àrd-sgoile: 5
- Tràth-ìrean/Tràth-ionnsachadh is Cùram-cloinne: 3
- Bun-sgoil: 0

Tha prìomhachas ga thoirt seachad do theagasg àrd-sgoile no tràth-bhliadhnaichean leis gu bheil gainnead sònraichte a thaobh luchd-obrach an seo.

Type of teaching

One of the following scores:

- Secondary teaching: 5
- Early Years/ELC: 3
- Primary: 0

Priority is given to secondary and early years teaching, given particular shortages in workforce

Gealltanasan Plana Gàidhlig

Aon de na sgòraichean a leanas:

- Gealltanas sònraichte sa Phlana Ghàidhlig a thaobh leudachadh luchd-obrach foghlaim Gàidhlig: 5
- Gun ghealltanas sònraichte sa Phlana Ghàidhlig a thaobh leudachadh luchd-obrach foghlaim Gàidhlig: 0

Gaelic Language Plan

One of the following scores:

- A commitment in the local authority’s Gaelic Language Plan regarding expansion of Gaelic education staff: 5
- No commitment in the local authority’s Gaelic Language Plan regarding expansion of Gaelic education staff: 0

Bidh sgòr iomlan an uair sin air a ruighinn le bhith a’ cur an sgòr airson gach slat-tomhais còmhla, mar a chithear san eisimpleir gu h-ìosal (airson tidsear àrd-sgoile ann an ùghdarras ionadail le FtMG ach gun FtMG san sgoil, is taic de 45% den mhaoinachadh uile gu lèir air a thoirt seachad).

A final score is then provided by adding each criteria’s score together, as exemplified below (for a secondary school teacher in a local authority with GME but no GME in the expected school, and a contribution of 45% of total funding):

Slat-tomhais / Criteria	Sgòr / Score
Luach an airgid / Value for money	7
FtMG/TcMG san ùghdarras / GME/GMELC in the authority	0
FtMG/TcMG san sgoil, sgoil-àraich, ionad tràth-ìrean / GME/GMELC in the school, nursery or ELC setting	5
Seòrsa teagaisg / Type of teaching	5
Gealltanasan Plana Gàidhlig / Gaelic Language Plan commitments	5
IOMLAN / TOTALS	22

Co-dhùnaidhean Sgioba Stiùiridh / Senior Management Team decision

Bidh Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' tighinn gu co-dhùnadh air na h-iarrtasan uile, a thaobh a bheilear a' toirt seachad taic-airgid no nach eil, agus ma tha an t-iarrtas soirbheachail dè an t-sùm a bhithear a' tabhann is cumhaichean no KPIs ri chur san aonta.

Faodaidh an Sgioba Stiùiridh dol an-aghaidh molaidhean a' phanail gu tur no ann am pàirt.

Dh'fhaodadh gun iarr an Sgioba Stiùiridh tuilleadh fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh, no dh'fhaodadh gun aontaich iad ri iarrtas "ann am prionnsapal", far am bi rudeigin ri choileanadh mus tèid taic aontachadh dhan a' phròiseact.

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team will make a decision on all applications, whether to award funding, what sum to award, and any conditions or KPIs for successful applications.

These decisions may disagree with recommendations of the panel, either in full or in part.

The Senior Management Team may request further information to reach a decision, or may agree an application "in principle", whereby a condition must be fulfilled before support is agreed for the project.

Co-dhùnaidhean na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan / Policy and Resources Committee decision

Ma thathar a' moladh taic luach £50,000 no nas àirde a thabhann do dh' ùghdarras ionadail, feumar cead na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan iarraidh airson seo.

If a total value of £50,000 or more is recommended to a local authority, the approval of the Policy and Resources Committee is required for this.

Co-dhùnaidhean a' Bhùird-stiùiridh / Board decision

Ma thathar a' moladh taic luach £100,000 no nas àirde a thabhann do dh' ùghdarras ionadail, feumar cead a' Bhùird-stiùiridh iarraidh airson seo.

If a total value of £100,000 or more is recommended to a local authority, the Board's approval is required for this.